

1 Ro-ràdh

San earrainn seo gheibhear ro-ràdh goirid le fios air adhbhar an stiùiridh seo, agus an fheallsanachd a tha air cùl nam Planaichean Gàidhlig

1.1 Adhbhar an stiùiridh seo

Chaidh an stiùireadh seo ullachadh le Bòrd na Gàidhlig fo earrainn 8 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ("an Achd 2005") agus tha e a' gabhail àite a' chiad stiùiridh a chaidh fhoillseachadh ann an 2007. Tha e a' comharrachadh raointean co-cheangailte ri bhith a' libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig, pròiseasan taobh a-staigh nam buidhnean, agus leasachaidhean a thaobh poileasaidh a bu chòir a bhith ann am Planaichean Gàidhlig. Cuidichidh na nithean sin le bhith a' coileanadh prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

Tha e a' toirt comhairle phractaigeach seachad air mar a dh'ullaicheas sibh plana Gàidhlig. Tha e cuideachd a' cur nam prìomh phrionnsapalan an cèill a tha mar bhun-stèidh do phròiseas nam Planaichean Gàidhlig. Chithear iomradh air grunn sgrìobhainnean taice san stiùireadh seo, agus gheibhear iad sin uile san stiùireadh seo fhèin no air làrach-lìn a' Bhùird aig www.gaidhlig.scot

Tha na sgrìobhainnean seo stèidhichte air na modhan-obrach as fheàrr a tha air an cleachdadh an-dràsta agus air a' chomhairle as ùire a chuidicheas sibh le bhith a' dol tron phròiseas seo. Mar sin, dh'fhaodadh gun tèid an atharrachadh, agus bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gu bheil sibh a' coimhead air na dreachdan as ùire mus cleachd sibh iad. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh orra uile gach bliadhna bhon cheann-latha air an tèid an sgrìobhainn seo fhoillseachadh.

1.2 Adhbhar nam planaichean Gàidhlig

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla, agus tha àite fìor chudromach aig roinn phoblach na h-Alba ann a bhith a' coileanadh an amais sin.

Tha Planaichean Gàidhlig a' cuideachadh dhaoine bhon mhòr-shluagh a tha math dh'fhaodte airson Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha iad a' dèiligeadh ri ùghdarras poblach agus tha iad a' toirt cothrom don luchd-obrach aig ùghdarrasan poblach Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach, mar phàirt den obair làitheil aca.

Tha planaichean Gàidhlig a' dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig air a cleachdadh fhathast, agus gum bi i a' cur ri beairteas cànanach na h-Alba air fad.

2 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

San earrainn seo gheibhear geàrr-chunntas air na prìomh phuingeann a tha ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Chuir Pàrlamaid na h-Alba aonta ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (“an Achd 2005”) air 21 Giblean 2005 agus i a’ faighinn taic bho na partaidhean uile, agus fhuair an Achd Aonta Rìoghail air 1 Ògmhios 2005. Tha toiseach na h-Achd 2005 a’ leughadh mar a leanas

Achd aig Pàrlamaid na h-Alba gus buidheann a stèidheachadh air am bi dleastanasan a bhios gan coileanadh le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a’ faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th’ ann don Bheurla, dleastanasan a tha gabhail a-steach a bhith ag ullachadh plana cànan nàiseanta Gàidhlig, ag iarraidh mar nì riatanach air cuid de dh’ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig ullachadh is fhoillseachadh mar phàirt de choileanadh nan dleastanasan aca agus ag iarraidh air na h-ùghdarrasan sin na planaichean aca a chumail suas agus a chur an gnìomh, agus a’ foillseachadh stiùireadh a thaobh foghlam Gàidhlig.

Tha trì prìomh eileamaidean san Achd 2005 a tha co-cheangailte ri chèile: -

- ✓ Tha i a’ stèidheachadh buidheann reachdail, Bòrd na Gàidhlig (“am Bòrd”), gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a’ cleachdadh agus a’ tuigsinn na Gàidhlig agus gus cuideachadh le bhith a’ toirt cothrom do dhaoine air a’ Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig, leis a’ phrìomh amas aig a’ cheann thall an àireamh dhaoine as urrainn Gàidhlig a chleachdadh agus a thuigsinn a mheudachadh tro chothroman air a’ chànan is an cultar ann an Alba, agus ann an àiteachan eile.
- ✓ Fon Achd feumaidh am Bòrd Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh is a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba. Bidh molaidhean sa phlana sin airson a bhith a’ cur cleachdadh agus tuigsinn na Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig air adhart.
- ✓ Tha an Achd a’ toirt ùghdarras don Bhòrd fios-plana reachdail a chur gu ùghdarras poblach Albannach buntainneach sam bith, ùghdarras poblach tar-chrìochail buntainneach sam bith no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba, ag innse dhaibh gum feum iad plana Gàidhlig ullachadh, sam bi an t-ùghdarras a’ cur nan gnìomhan an cèill a bheir e gu buil a thaobh cleachdadh na Gàidhlig.

Gheibhear an tionndadh slàn den Achd 2005 an [seo](#).

3 Prìomh phrionnsapalan

San earrainn seo chithear fiosrachadh mu na prionnsapalan cudromach a bu chòir a bhith mar bhun-stèidh do Phlana Gàidhlig agus tha sealladh farsaing ann air prionnsapalan airson planadh cànanain agus air mar a thèid an cur an sàs.

3.1 Spèis cho-ionann

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' sealltainn na h-aon spèis don Ghàidhlig agus a tha don Bheurla, agus tha am Bòrd a' sùileachadh gun seall ùghdarrasan poblach sna planaichean aca ciamar a thèid am prionnsapal sin a choileanadh agus a chumail suas.

Cha bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach a bhith dìreach ag amas air an uiread as lugha de thaic a dh'fheumas iad a thoirt seachad gus cuideachadh le adhartachadh na Gàidhlig, bu chòir dhaibh a bhith misneachail is gnìomhach nuair a tha iad a' comharrachadh nan dòighean as freagarraiche san urrainn dhaibh cuideachadh le bhith a' togail ìomhaigh a' chànanain agus san urrainn dhaibh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a bhrosnachadh is a chuideachadh gu bhith a' conaltradh is a' dèiligeadh riutha ann an Gàidhlig.

Nuair a thig e gu ùghdarrasan poblach fa leth, 's e a tha spèis cho-ionann a' ciallachadh: nuair a tha seirbheis ri faotainn ann an Gàidhlig, bu chòir dhi a bhith air a toirt seachad air stèidh a tha co-ionann ris a leithid a sheirbheis ann am Beurla.

Chithear eisimpleirean de ghnìomhan gu h-ìosal a bu chòir a sheachnadh, gus dèanamh cinnteach nach bi uireasbhaidhean ann an seirbheisean Gàidhlig:-

- Dàil ann a bhith a' tòiseachadh na seirbheis Gàidhlig, an coimeas ri seirbheis cheudna ann am Beurla
- Cion sanasachd is follaiseachd mun t-seirbheis Ghàidhlig, an coimeas ri seirbheis cheudna ann am Beurla
- Chan eil an t-seirbheis Ghàidhlig cho math ri seirbheis cheudna ann am Beurla – mar eisimpleir, ìre na seirbheis do luchd-cleachdaidh, an t-susbaint sgrìobhte agus dealbhachadh
- Dàil ann a bhith a' toirt freagairt seachad leis an t-seirbheis Ghàidhlig an coimeas ris an aon sheirbheis ann am Beurla – mar eisimpleir, a' freagairt neach a rinn conaltradh ris an ùghdarras
- Chan eilear a' cur gu leòr taice no ghoireasan mu choinneamh na seirbheis Gàidhlig an coimeas ri seirbheis cheudna ann am Beurla

3.2 Cothroman follaiseach

Tha am Bòrd gu daingeann air taobh a' phrionnsapail gum bi a h-uile Plana Gàidhlig a' sealltainn gu soilleir mar a bheir an t-ùghdarras poblach "cothroman follaiseach" air na seirbheisean Gàidhlig aca don mhòr-shluagh agus don luchd-obrach aca. Le sin, nithear cinnteach, nuair a tha seirbheisean Gàidhlig

ann, gum bi fios aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig orra, agus gun tèid am brosnachadh gu bhith a' dèanamh feum dhiubh. Cha bhi e mar uallach an uair sin air daoine a bhith a' cur iarrtas a-steach airson na seirbheis, agus leis an dòigh-obrach seo bithear a' gabhail barrachd ealla ri feumalachdan an luchd-cleachdaidh. Bheir e barrachd cumhachd do luchd-cleachdaidh nan seirbheisean, agus misneachd, agus fios aca gu bheil a' frithealadh air na feumalachdan aca tron chànan as fheàrr leotha a chleachdadh. Bu chòir dha a bhith a cheart cho furasta cothrom fhaighinn air seirbheisean Gàidhlig 's a e tha e cothrom fhaighinn air seirbheisean Beurla.

Le "cothroman follaiseach", tha e deatamach gum bithear a' dèanamh sanasachd air na seirbheisean, agus a' brosnachadh dhaoine gus an cleachdadh, gu gnìomhach is gu cunbhalach. Bu chòir an cànan a b' fheàrr le daoine a chleachdadh a bhith mar phàirt bunaiteach de sheirbheisean sàr-mhath.

3.3 Dàta

Nuair a thathar ag ullachadh Plana Gàidhlig, tha e cudromach gun tèid ealla a ghabhail ris an dàta as ùire bhon Chunntas-shluaigh agus mu dheidhinn Foghlam Gàidhlig.

Airson an fhiosrachaidh as ùire mun Ghàidhlig sa Chunntas-shluaigh, thoiribh sùil air làrach-lìn Clàran Nàiseanta na h-Alba an [seo](#).

Airson nan àireamhan as ùire airson foghlam Gàidhlig, thoiribh sùil air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig an [seo](#).

3.4 A' dèanamh Gàidhlig na pàirt àbhaisteach de bheatha làitheil dhaoine

Tha e na phrìomh amas Gàidhlig a dhèanamh na pàirt àbhaisteach de bheatha làitheil dhaoine ann an Alba an-diugh. Tha na Planaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan poblach nam meadhan fìor chudromach gus cuideachadh leis an amas sin, agus iad ag obair gus Gàidhlig fhighhe a-steach do bheatha phoblach na h-Alba tro na diofar dhleastanasan a th' orra.

3.5 Na cothroman gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig

Tha e air leth cudromach gum beachdaich ùghdarrasan poblach air seo, thoradh, ged nach bi an àireamh de luchd-cleachdaidh a th' ann an-dràsta uabhasach àrd 's dòcha, tha na cothroman a th' ann gus fàs a thoirt air an àireimh sin glè chudromach do dh'ath-bheothachadh a' chànan. Nuair a thathar a' cur nam Planaichean Gàidhlig an gnìomh, tha sin a' cruthachadh "cearcall coileanaidh" far am bithear a' cur barrachd luach sa Ghàidhlig, bidh daoine air am misneachadh agus ri ùine thig tuilleadh iarrtais airson seirbheisean.

Tha dlùth cheangal ann eadar mar a dh'fhaodadh cothroman a bhith ann gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig agus "cothroman follaiseach", agus tha e cudromach gun tèid innse do dhaoine nuair a tha cothrom ann dèiligeadh no conaltradh ri ùghdarras poblach ann an Gàidhlig, mar eisimpleir, air làrach-lìn na buidhne, aig ionad-fàilte no air a' fòn.

3.6 Reusanta agus co-fhreagarrach

Tha an Achd 2005 ag aithneachadh gum bi diofar eadar na planaichean Gàidhlig agus sin a rèir dè na dleasan a th' air gach ùghdarras poblach fa leth, càit a bheil iad ag obair ann an Alba, dè an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig air a bheil iad a' frithealadh agus na cothroman a th' ann san sgìre aca Gàidhlig a thoirt air adhart.

Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach air feadh Alba, agus tha Bòrd na Gàidhlig a' sùileachadh gum bi planaichean Gàidhlig a' gabhail ealla ri sin.

Bu chòir do na geallaidhean sna planaichean Gàidhlig a bhith reusanta agus co-fhreagarrach, a rèir suidheachadh àraid gach ùghdarrais fa leth.

3.7 Fàs mean air mhean

Feumar planaichean Gàidhlig ath-sgrùdadh, ùrachadh agus a chur a-steach chun a' Bhùird aig a' char as fhaide 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aonta a chur riutha. Tha am Bòrd a' sùileachadh gun tig fàs air a' Ghàidhlig tro na h-ath-sgrùdaidhean seo thar ùine, agus mar sin tha e deatamach gum bi tuigse shoilleir aig ùghdarrasan poblach bhon chiad char gum bu chòir do na planaichean aca a bhith stèidhichte air sealladh a tha a' gabhail a-steach leasachaidhean san ùine fhada.

3.8 Fastadh is trusadh luchd-obrach

Tha na planaichean Gàidhlig a' cur gu mòr ri luach a' chànain sa mhargaidh-obrach mar sgil a bharrachd, agus iad a' cruthachadh chothroman do luchd-labhairt na Gàidhlig gus an cànan aca a chleachdadh san àite-obrach, do dhaoine aig nach eil Gàidhlig an cànan ionnsachadh agus don mhòr-shluagh gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.

Airson dèanamh cinnteach gun tèid planaichean Gàidhlig a chur an gnìomh, bithear a' cruthachadh dhreuchdan ùra far a bheil Gàidhlig air a comharrachadh mar sgil a tha riatanach no na buannachd, agus bidh an luchd-dreuchd sin a' toirt nan seirbheisean seachad a chaidh a ghealltainn sna planaichean. Tha Bòrd na Gàidhlig air stiùireadh airson Gàidhlig mar sgil obrach a dhealbhadh agus gheibhear sin [an seo](#).

Ged a thathar a' tuigsinn gum faodadh duilgheadasan a bhith aig cuid a dh'ùghdarrasan poblach sa gheàrr-ùine le bhith a' fastadh agus/no a' cumail luchd-obrach ann an cuid a raointean den mhargaidh-obrach, leithid thidsearan is eadar-theangairean, tha e deatamach gun cumar tro na planaichean Gàidhlig a' toirt taic do agus a' leudachadh air na cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh mar sgil phrìseil san àite-obrach.

Sa mheadhan-ùine agus san ùine fhada, thathar an dùil gum bi gu barrachd luchd-obrach ann leis na sgilean a tha dhìth gus frithealadh air an iarrtas. Le planadh airson luchd-obrach bu chòir ealla a gabhail ris mar a tha e na amas seirbheisean Gàidhlig a leudachadh is a neartachadh taobh a-staigh an ùghdarrais phoblaich.

3.9 Leasachadh cànan

Chaidh tòrr obrach a dhèanamh ann an raon an fhoghlaim gus briathrachas, riaghailtean gràmair agus ìrean-cleachdaidh a stèidheachadh a tha cunbhalach. Tha e glè chudromach gun cùm Planaichean Gàidhlig ris na h-aon ìrean is riaghailtean agus gum bithear a' toirt fa-near do leasachaidhean a nithear air corpas na Gàidhlig nuair a thathar gan ullachadh.

Bho shealladh pragtaigeach, tha am Bòrd ag iarraidh gun cùm gach Plana Gàidhlig ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC) agus na molaidhean a tha ri fhaotainn airson ainmean-àite Gàidhlig.

Gheibh sibh am fiosrachadh as ùire mu Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC) an [seo](#).

Gheibhear ceangal ris an stòr-data aig Ainmean-Àite na h-Alba an [seo](#).

4 Pròiseas nam planaichean Gàidhlig

San earrainn seo tha mìneachadh ann air na ceumannan gus plana Gàidhlig a chruthachadh, a chur an gnìomh agus ùrachadh. Tha am pròiseas a' gabhail a-steach, a bhith a' toirt fios-plana reachdail seachad, ullachadh a' phlana, co-chomhairleachadh, aonta foirmeil, cur an gnìomh, sgrùdadh agus ùrachadh.

4.1 Cuideachadh is comhairle phractaigeach

Fo earrainn 8(9) den Achd 2005, feumaidh Bòrd na Gàidhlig, ma thig iarrtas bho ùghdarras poblach buntainneach, comhairle is cuideachadh a thoirt don ùghdarras saor 's an-asgaidh.

Bidh aon de na h-Oifigearan Phlanaichean Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig a' gabhail uallach airson gach ùghdarras poblach agus iad ann gus cuideachadh is comhairle phractaigeach a thoirt dhaibh air feadh a' phròiseis.

Cuideachd, tha sgioba nam planaichean air diofar ghoireasan a chruthachadh gus oifigearan nan ùghdarrasan poblach a chuideachadh le bhith ag ullachadh nam Planaichean Gàidhlig aca, agus gheibhear iad sin air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig an [seo](#).

4.2 Fiosan-plana reachdail bho Bhòrd na Gàidhlig

Tha Earrainn 3 den Achd 2005 a' toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig fios-plana reachdail a thoirt do dh'ùghdarras poblach buntainneach sam bith, ag iarraidh orra Plana Gàidhlig ullachadh. Gheibhear fios ann an litir fhoirmeil a chuireas am Bòrd gu Oifigear Cunntachail an ùghdarras phoblaich.

4.3 Slatan-tomhais reachdail

Nuair a thig e gu bhith a' dèanamh co-dhùnadh air cò na h-ùghdarrasan poblach a gheibh fios-plana, tha 5 slatan-tomhais reachdail ann air am feum am Bòrd beachdachadh. Tha iad sin sgrìobhte ann an Earrainn 3(3) den Achd 2005, agus chithear mìneachadh orra gu h-ìosal:

❖ Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig as ùire

Tha planaichean Gàidhlig mar aon de na prìomh dhòighean gus am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha an Achd 2005 ag iarraidh gum bi am Bòrd a' gabhail ealla ris a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig as ùire nuair a tha e a' cur fios-plana reachdail gu ùghdarras poblach agus gum beachdaich am Bòrd air na dh'fhaodadh an t-ùghdarras poblach sin a dhèanamh gus cuideachadh le bhith libhrigeadh prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta. Gheibhear an dreachd as ùire den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig an [seo](#).

❖ An ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh ann an sgìre is raon-obrach an Ùghdarras

Tha an Achd 2005 ag iarraidh air a' Bhòrd aire a thoirt don ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh le daoine ann an sgìre is raon-obrach an ùghdarras. Bheir am Bòrd sùil an dà chuid

air feartan-sluaigh agus dleastanasan nuair a tha e a' toirt seachad fiosan-plana reachdail.

❖ **Na cothroman a th' ann don ùghdarras cleachdadh na Gàidhlig a thoirt air adhart**

Tha seo air leth cudromach don Bhòrd, thoradh ged nach bi an uiread agus a thathar a' cleachdadh na Gàidhlig uabhasach àrd an-dràsta 's dòcha, dh'fhaodadh gum bi cothroman matha ann sin a leudachadh. Bidh Planaichean Gàidhlig a' cruthachadh "cearcall coileanaidh" far am bithear a' cur barrachd luach sa Ghàidhlig, bidh daoine air am misneachadh agus ri ùine thig tuilleadh iarrtais airson seirbheisean.

Tha àite aig a h-uile ùghdarras poblach ann a bhith a' gleidheadh na Gàidhlig mar chànan beò, agus tha cothroman aca uile fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig an lùib nan dleastanasan aca, agus bidh gach ùghdarras fa leth a' dèanamh sin aig an astar aca fhèin agus chun na h-ìre as urrainn dhaibh fhèin.

❖ **Tagraidhean sam bith a nì daoine a thaobh cleachdadh na Gàidhlig**

Fon Achd 2005, feumaidh Bòrd na Gàidhlig aire a thoirt do thagraidhean sam bith a nì daoine a thaobh mar a thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.

❖ **Stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba**

Fon Achd 2005, feumaidh Bòrd na Gàidhlig aire a thoirt do stiùireadh sam bith a bheir Ministearan na h-Alba seachad, nuair a tha e a' beachdachadh air co-dhiù am bu chòir no nach bu chòir dha iarraidh air ùghdarras poblach buntainneach plana ullachadh.

4.4 Amasan àrd-ìre

Obraichidh Bòrd na Gàidhlig còmhla ris gach ùghdarras poblach gus amasan àrd-ìre a dh'aona-ghnothach a stèidheachadh dhaibh, agus thèid na h-amasan sin a thoirt seachad còmhla ris an fhios-phlana reachdail. Bidh na h-amasan sin a' toirt stiùireadh don ùghdarras phoblach airson dèanamh cinnteach gun cuidich an obair aca le bhith a' coileanadh prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig.

Aon uair 's gun tèid an dreachd de na h-amasan àrd-ìre aontachadh eadar an t-ùghdarras poblach agus oifigearan a' Bhùird, beachdaichidh Bòrd Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig agus an uair sin am Ministear le Uallach airson na Gàidhlig orra mus tèid an toirt seachad còmhla ris an fhios-phlana reachdail.

4.5 Amasan airson seirbheisean corporra

Stèidhichte air an eòlas a tha Bòrd na Gàidhlig air fhaighinn gu ruige seo, tha e air taghadh de dh'amasan coitcheann airson seirbheisean corporra a dhealbhadh a thèid a thoirt seachad mar phàirt den fhios-phlana reachdail. Gheibhear lethbhreac de na h-amasan airson seirbheisean corporra an [seo](#).

Tha Bòrd na Gàidhlig a' tuigsinn glè mhath gum bi diofar ùghdarrasan poblach aig diofar ìrean a thaobh mar as urrainn dhaibh na h-amasan seo airson seirbheisean corporra a libhrigeadh, ach tha e den bheachd gum bu chòir dhaibh uile a bhith ag obair a dh'ionnsaigh nan amasan sin.

Bu chòir eagrain eile de phlanaichean Gàidhlig a bhith a' sealltainn adhartas ceum air cheum thar ùine le bhith a' coileanadh nan amasan airson seirbheisean corporra.

5 Ath-sgrùdadh air, agus ath-thagradh an aghaidh, fiosan-plana

Tha an earrainn seo a' mìneachadh nan ceumannan a bu chòir ùghdarras poblach a ghabhail ma tha e den bheachd gu bheil an clàr-ama airson am plana a chur a-steach mì-reusanta, no ma tha e den bheachd nach robh e reusanta iarraidh air Plana Gàidhlig reachdail ullachadh.

5.1 Ath-sgrùdadh air clàr-ama

Ma tha ùghdarras poblach den bheachd gu bheil an ceann-latha airson Plana Gàidhlig a chur a-steach mì-reusanta, fo earrainn 4 den Achd 2005, faodaidh iad iarraidh air a' Bhòrd ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' cheann-latha sin.

5.2 Ath-thagradh an aghaidh fios gus plana Gàidhlig ullachadh

Fo earrainn 4(8) den Achd 2005, faodaidh ùghdarras poblach ath-thagradh a dhèanamh gu dìreach ri Ministearan na h-Alba an aghaidh fios a fhuair iad gus Plana Gàidhlig ullachadh.

6 Ag ullachadh plana Gàidhlig

San earrainn seo gheibhear stiùireadh practaigeach stèidhichte air sàr dhòighean-obrach airson planadh cànan agus na dòighean as fheàrr gus Plana Gàidhlig ullachadh, agus sin stèidhichte air an eòlas a tha am Bòrd air fhaighinn air a' phròiseas.

6.1 Teamplaid airson plana Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig air teamplaid airson plana Gàidhlig ullachadh. Seo an stiùireadh as ùire airson deagh phlana ullachadh, agus sin stèidhichte air molaidhean is eòlas a fhuaras thuige seo agus tha sinn a' moladh gu mòr gun cum sibh ris. Gheibh sibh an teamplaid an [seo](#).

6.2 Prìomh oifigear an ùghdarras phoblaich

Thathar a' moladh gu mòr gun comharraich ùghdarrasan poblach prìomh oifigear aig àrd-ìre aig ìre thràth sa phròiseas, ris am faod am Bòrd bruidhinn sa chiad dol a-mach agus a bhios a' conaltradh ri agus ag obair le oifigear a' Bhùird bho thoiseach chùisean agus air feadh a' phròiseis.

Thathar a' moladh gu mòr gum bi deagh cheanglaichean conaltraidh eadar am prìomh oifigear aig an ùghdarras phoblach ris a bheil am plana an urra agus sgioba stiùiridh na buidhne, no gum bi e/i na b(h)all den sgioba stiùiridh, agus gun tèid àrd-mhanaidsear a chomharrachadh, bho thoiseach a' phlana, mar an neach air a bheil uallach iomlan airson a' phlana.

Thathar a' moladh gum bi an t-uallach iomlan airson a' phlana air a bhuileachadh air an oifigear chunntachail aig an ùghdarras.

6.3 'S e plana corporra a th' anns a' phlana Ghàidhlig

Thathar a' moladh gu mòr gum bi deagh cheanglaichean conaltraidh eadar am prìomh oifigear aig an ùghdarras phoblach ris a bheil am plana an urra agus sgioba stiùiridh na buidhne, no gum bi e/i na b(h)all den sgioba stiùiridh, agus gun tèid àrd-mhanaidsear a chomharrachadh, bho thoiseach a' phlana, mar an neach air a bheil uallach iomlan airson a' phlana. Thathar a' moladh gum bi an t-uallach iomlan airson a' phlana air a bhuileachadh air an oifigear chunntachail aig an ùghdarras.

Faodaidh Planaichean Gàidhlig buaidh nach beag a thoirt air diofar phoileasaidhean air feadh an ùghdarras phoblaich. Tha e cudromach gum bi an luchd-obrach ris a bheil leithid a raointean poileasaidh an urra gu dlùth an sàs ann an ullachadh a' phlana. Tha sinn air ionnsachadh bho na Planaichean a chaidh ullachadh ron seo gur iad na Planaichean Gàidhlig a bu mhotha a shoirbhich an fheadhainn far an robh oifigearan aig àrd-ìre a' gabhail pàirt brìghmhor sa bhuidhinn-obrach airson a' Phlana. Chan eilear a' moladh an t-uallach airson ullachadh a' phlana fhàgail dìreach air luchd-obrach nach eil ag obair aig àrd-ìre, no dìreach air luchd-obrach air a bheil uallach airson cùisean Gàidhlig mu thràth.

6.4 Bidh am plana gu sònraichte airson na buidhne agaibhse

Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil Plana Gàidhlig sònraichte aig gach ùghdarras poblach fa leth a rèir nan dleastanasan a th' aca, agus mar sin thèid gach fear a mheasadh leis a' Bhòrd a rèir suidheachadh gach ùghdarras.

6.5 Co-obrachadh is seirbheisean co-roinnte

Ged a tha gach plana eadar-dhealaichte, tha am Bòrd a' gabhail ris gum bi cothroman co-obrachaidh ann eadar ùghdarrasan poblach le dleastanasan ceudna nuair a tha iad a' cur phlanaichean an gnìomh, agus mar sin dh'fhaodadh gum bi tòrr de na h-aon sheòrsachan dùbhlain romhpa nuair a thig e gu bhith libhrigeadh sheirbheisean don mhòr-shluagh ann an Gàidhlig agus gu bhith cleachdadh Gàidhlig nan obair.

Mar thoradh air co-obrachadh, dh'fhaodadh gun tèid fiosrachadh feumail a cho-roinn, gun tèid sàr mhodhan-obrach a cho-roinn agus gun tèid cothroman a chomharrachadh gus èifeachdas a chur an sàs, leithid fastadh luchd-obrach, cruthachadh fhoirmichean, leabhraichean fhiosrachaidh, bileagan, sgeamaichean trèanaidh msaa. Tha am Bòrd den bheachd gum faod co-obrachadh eadar diofar ùghdarrasan poblach, mar eisimpleir tro Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd no Caidreachas Leasachaidh Roinneil, buaidh mhath a thoirt air cleachdadh is adhartachadh na Gàidhlig agus gun cuidich e le bhith a' cur prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig an gnìomh.

6.6 Sgrùdadh air comasan Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarras

Mar aon de na prìomh riathanasan airson Plana Gàidhlig, thathar ag iarraidh gun dèanar sgrùdadh air na comasan Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarras agus ceangal a dhèanamh eadar na comasan sin agus na geallaidhean sa Phlana. Bu chòir sin a dhèanamh mar phàirt den obair gus am Plana ullachadh, no taobh a-staigh bliadhna bho fhuair am Plana aonta, agus bu chòir lethbhreac de dh'aithisg an sgrùdaidh sin a chur gu Bòrd na Gàidhlig còmhla ris an dreachd den Phlana.

Bidh Sgioba nam Planaichean aig Bòrd na Gàidhlig ro thoilichte comhairle a thoirt dhuibh mu bhith dèanamh sgrùdadh air comasan Gàidhlig ur n-ùghdarras.

6.7 Stiùireadh reachdail airson foghlam Gàidhlig

Ri linn atharraichean air an Achd 2005, a thàinig a-steach mar thoradh air Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, feumaidh Bòrd na Gàidhlig stiùireadh fhoillseachadh a thaobh a bhith libhrigeadh foghlam Gàidhlig agus mar a thèid a leithid a dh'fhoghlam a leasachadh.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail agus ùghdarrasan poblach eile le dleastanasan foghlaim aire a thoirt don Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig nuair a tha iad ag ullachadh Plana Gàidhlig. Gheibhear an stiùireadh sin an [seo](#).

6.8 Co-chomhairleachadh

Fo Earrainn 3(6) den Achd 2005, tha e ag ràdh, ann a bhith ag ullachadh plana Gàidhlig, gum feum ùghdarras poblach buntainneach beachdan a shireadh bho dhaoine a tha e coltach aig am biodh gnothach ris a' chùis.

Thathar a' gabhail ris gum bi na modhan-obrach aca fhèin aig gach ùghdarras poblach fa leth gus co-chomhairleachadh a chumail, ach thathar a' moladh nan ceumannan a leanas gus dèanamh cinnteach gun tèid, am beachd Bhòrd na Gàidhlig, riatanasan Earrainn 3(6) den Achd 2005 a choileanadh:-

- Gun tèid dreachd Ghàidhlig is Bheurla den phlana fhoillseachadh agus gum faod am mòr-shluagh agus an luchd-obrach fhaighinn an-asgaidh ann an cruth eileagtronaigeach agus ann an cruth pàipeir (ma dh'iarraas iad e)
- Gum bi ùine cho-chomhairleachaidh ann eadar 6 is 12 seachdain gus dèanamh cinnteach gum bi ùine gu leòr aig a' mhòr-shluagh agus an luchd-obrach am beachdan a thoirt seachad
- Gun tèid brath-naidheachd dà-chànanach a sgaoileadh aig toiseach na h-ùine cho-chomhairleachaidh, a thèid a chur gu na meadhanan iomchaidh uile agus chun a' Bhùird
- Gum bi coinneamh phoblach ann agus coinneamh le luchd-obrach, gus bruidhinn air an dreachd den phlana, le fianais ann gun deach na coinneamhan a shanasachd gu ceart ro-làimh agus nota mu na coinneamhan

Feumaidh ùghdarrasan poblach aithisg a dhèanamh air a' cho-chomhairleachadh, le fios air mar a rinn iad e agus geàrr-iomradh air na toraidhean agus na prìomh chuspairean a thog ceann. Bu chòir seo cuideachd a bhith a' toirt luaidh air atharraichean sam bith, ma bha gin ann, a rinn an t-ùghdarras poblach air an dreachd den phlana ri linn a' cho-chomhairleachaidh. Cuidichidh aithisg a' cho-chomhairleachaidh am Bòrd nuair a thig e gu bhith a' cur aonta ri dreachd de phlana, no nuair a bhios e a' moladh atharraichean air an dreachd.

7 A' cur plana Gàidhlig a-steach agus aonta foirmeil

Tha an earrainn seo a' toirt seachad stiùireadh a thaobh a' phròiseis gus aonta foirmeil fhaighinn airson Plana, a thachras nuair a tha ùghdarras poblach air am Plana Gàidhlig aca a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

7.1 A' cur plana Gàidhlig a-steach gu Bòrd na Gàidhlig

Feumaidh ùghdarras poblach am plana Gàidhlig aca a chur a-steach ron cheann-latha reachdail a chaidh ainmeachadh san litir le fios-plana a fhuair iad.

Thathar a' moladh do dh'ùghdarrasan poblach a tha a' cur eagan ùr de phlana Gàidhlig a-steach sin a dhèanamh mus tig ùine an eagain mu dheireadh gu crìch.

Feumaidh a h-uile ùghdarras poblach eagan ùr a chur a-steach mus bi còig bliadhna seachad bho fhuaras aonta an toiseach bhon Bhòrd airson a' phlana.

Nuair a tha am Bòrd a' dèanamh measadh air an dreachd den phlana Ghàidhlig, beachdaichidh e air feuch a bheil e reusanta agus co-fhreagarrach; feuch an tug an t-ùghdarras poblach aire don stiùireadh seo agus feuch a bheil an t-ùghdarras poblach air oidhirp dha-rìribh a dhèanamh gus seirbheisean Gàidhlig a mholadh a tha freagarrach don t-suidheachadh aca agus a chuidicheas le bhith a' coileanadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

7.2 Aonta foirmeil airson plana Gàidhlig

'S ann bho choinneamh den làn Bhòrd Stiùiridh aig Bòrd na Gàidhlig a gheibh plana Gàidhlig aonta, agus às dèidh sin cuiridh am Bòrd litir chun an ùghdarras phoblaich a' dearbhadh gun deach aonta a chur ris a' phlana.

Nuair a gheibh plana aonta bho Bhòrd na Gàidhlig, bidh an ceann-latha air an deach aonta a chur ris na cheann-latha air an do thòisich am plana a rèir an lagha agus mairidh ùine a' phlana suas ri 5 bliadhna aig a' char as fhaide bhon cheann-latha sin.

7.3 Atharraichean

An àite aonta, dh'fhaodadh gum mol am Bòrd atharraichean a dhèanamh air an dreachd den phlana; ma nì e sin, bheir e fios sgrìobhte seachad orra. Gheibhear làn fhiosrachadh mun phròiseas seo ann an earrainnean 5(3) to (8) den Achd 2005.

Mura h-urrainn do Bhòrd na Gàidhlig agus an t-ùghdarras poblach aonta a ruighinn a thaobh nan atharraichean, bithear a' togail na cùise le Ministearan na h-Alba a nì co-dhùnadh oirre.

7.4 Dleastanasan mhinistearan na h-Alba

Ma thèid Plana Gàidhlig a chur gu Ministearan na h-Alba, feumaidh iad an dàrna cuid aonta a chur ris a' phlana a chaidh a chur a-steach sa chiad dol a-mach, no aonta a chur ris a' phlana fhad 's a thèid atharraichean, a tha freagarrach nam beachd-san, a chur an sàs, agus iad a' gabhail ealla ris na nithean air a bheil iomradh ann an earrainnean 3(5)(a) gu (c) den Achd 2005.

7.5 Às dèidh don phlana aonta fhaighinn

Nuair a gheibh plana Gàidhlig aonta bhon Bhòrd no bho Mhinistearan na h-Alba, feumaidh an t-ùghdarras poblach:-

- Am plana fhoillseachadh ann an Gàidhlig is Beurla, taobh a-staigh 3 mìosan bhon cheann-latha air an deach aonta a chur ris, agus,
- Dreachdan sam bith den phlana a thoirt far làrach-lìn na buidhne
- Lethbhreac pàipeir a chur gu Bòrd na Gàidhlig
- Na geallaidhean a chur an sàs a rèir a' phlana.

Faodaidh ùghdarrasan poblach atharraichean beaga a dhèanamh air a' phlana Ghàidhlig aca gun chead bhon Bhòrd, mar eisimpleir, a' ceartachadh mearachd no ag ùrachadh fiosrachadh a tha air atharrachadh, fhad 's nach tèid am plana atharrachadh ann an dòigh shusbainteach sam bith.

Thathar a' moladh gun iarr sibh comhairle bhon Bhòrd mu atharraichean a tha sibh am beachd a dhèanamh.

8 A' Sgrùdadh coileanadh a' phlana Ghàidhlig

Tha an earrainn seo a' toirt stiùireadh air na ceumannan a ghabhas am Bòrd nuair a tha e a' dèanamh sgrùdadh air mar a thèid Planaichean Gàidhlig a choileanadh.

8.1 Rianan sgrùdaidh

Fo earrainn 6 den Achd 2005, faodaidh am Bòrd aithisg sgrùdaidh iarraidh bhon ùghdarras phoblach nuair a tha co-dhiù 12 mìos air a dhol seachad bho fhuair am plana aonta, agus gach bliadhna às dèidh sin.

Nuair a dh'iarraas am Bòrd aithisg sgrùdaidh bhliadhnail bho ùghdarras poblach, feumaidh an t-ùghdarras sin a chur thuca taobh a-staigh trì mìosan.

Chaidh teamplaid airson aithisg sgrùdaidh a chruthachadh agus gheibhear an [seo e](#).

Nuair a tha am Bòrd den bheachd nach eil ùghdarras poblach a' coileanadh nan gnìomhan a chaidh ainmeachadh sa Phlana Ghàidhlig aca, faodaidh e aithisg a chur gu Ministearan na h-Alba le mìneachadh air a' cho-dhùnadh sin. Gheibhear làn fhiosrachadh air a' phròiseas sin san Achd 2005.

8.2 Measadh neo-eisimeileach air a bhith a' cur plana Gàidhlig an gnìomh

A thuilleadh air na rianan-obrach airson ùghdarrasan poblach a bhith a' dèanamh aithris iad fhèin gach bliadhna air adhartas leis na Planaichean aca, faodaidh am Bòrd measadh neo-eisimeileach a bharantachadh air adhartas ann a bhith a' cur Phlanaichean Gàidhlig an gnìomh.

9 Ath-sgrùdadh reachdail air plana Gàidhlig

Tha an earrainn seo a' toirt stiùireadh seachad air na ceumannan a bu chòir do dh'ùghdarras poblach a leantainn nuair a thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh reachdail air a' Phlana Ghàidhlig aca, mar a dh'fheumar fon Achd 2005.

9.1 Ath-sgrùdadh air planaichean

Bho thoiseach pròiseas a' phlana, tha e cudromach cuimhneachadh gum feum ùghdarrasan poblach, fo Earrainn 7 den Achd 2005, ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phlana Ghàidhlig aca 5 bliadhna, aig a' char as fhaide, às dèidh a' chinn-latha air an deach aonta a chur ris a' phlana, nuair a bhios cothrom ann atharraichean (ma tha gin ann) a dhèanamh air a' phlana.

Tha am Bòrd an dùil gun tig fàs, rè ùine, air na tha ùghdarrasan poblach a' tabhann a thaobh na Gàidhlig mar thoradh air na h-ath-sgrùdaidhean seo. Mar sin, tha e cudromach gum bi tuigse shoilleir aig ùghdarrasan poblach bho thoiseach chùisean gum bu chòir do na planaichean aca, nuair as urrainnear, a bhith air an dealbh le sùil ris an ùine fhada, agus bidh na h-ath-sgrùdaidhean seo a' cuideachadh le bhith a' coileanadh nan ceann-uidhe airson na h-ùine fhada.

Feumar eagrann den phlana Ghàidhlig ùr, air an deach ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh, a chur a-steach chun a' Bhùird 5 bliadhna, no nas tràithe, às dèidh a' chinn-latha air an deach aonta a chur ris a' phlana mu dheireadh, a rèir earrainn 7(2) den Achd 2005. Tha seo mar riathanas reachdail agus mura dèan ùghdarras poblach sin, bidh iad a' bristeadh chumhachan na h-Achd 2005.

Chan urrainn do Bhòrd na Gàidhlig sìneadh sam bith a thoirt air na 5 bliadhna às dèidh ceann-latha an aonta.

10 Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF)

Tha an earrainn seo a' toirt seachad stiùireadh air Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) a tha ag amas air ùghdarrasan poblach gu sònraichte gus an cuideachadh le bhith a' libhrigeadh nam Planaichean Gàidhlig aca nuair a tha iad fhathast aig ìre thràth.

Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh le bhith a' leudachadh nan seirbheisean Gàidhlig aca, tha Ministearan na h-Alba air airgead airson a' ghnòthaich seo a-mhàin a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig, fon ainm Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF). Cho fad 's a bhios a' mhaoin seo ann don Bhòrd, faodaidh ùghdarrasan poblach, a gheibh fios gus Plana Gàidhlig ullachadh, cur a-steach airson taic bhon mhaoin agus bidh na h-iarrtasan gam meas a rèir nan slatan-tomhais a th' aig a' Bhòrd airson na maoin.

Bu chòir do na pròiseactan a bhith a' cuideachadh leis na geallaidhean a tha a' nochdadh ann am Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich agus a bhith a' cur taic ri prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

Chan fhaighear an taic-airgid seo airson chosgaisean sam bith co-cheangailte ri bhith ag ullachadh a' phlana fhèin.

Gheibhear an stiùireadh agus am foirm-iarrtais as ùire airson GLAIF bho làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig [an seo](#).

11 Planaichean Gàidhlig saor-thoileach

Tha an earrainn seo a' mìneachadh dè thachras airson ùghdarrasan poblach nach d' fhuair fios-plana reachdail fhathast, agus airson buidhnean eile seach na h-ùghdarrasan poblach buntainneach, a tha ag aontachadh gu saor-thoileach gus plana Gàidhlig ullachadh.

11.1 Ùghdarrasan poblach nach d' fhuair fios-plana foirmeil fhathast

A thaobh ùghdarrasan poblach nach d' fhuair fios-plana reachdail fhathast bhon Bhòrd, thathar a' brosnachadh nam buidhnean sin gu bhith a' dealbh phoileasaidhean is phlanaichean Gàidhlig iad fhèin agus iad a' leantainn an stiùiridh seo nuair a nì iad sin. Gheibhear an teamplaid aig a' Bhòrd airson plana Gàidhlig an seo.

Dh'fhaodadh iomairtean mar sin a bhith nan ceum feumail mus fhaigh ùghdarras fios foirmeil gus plana Gàidhlig ullachadh.

11.2 Buidhnean eile

Fon Achd 2005, tha ùghdarras aig a' Bhòrd iarraidh air ùghdarrasan poblach Albannach agus ùghdarrasan poblach tar-chrìochail Plana Gàidhlig ullachadh a thaobh nan dleastanasan a th' aca ri choileanadh ann an Alba (ach a-mhàin na dleastanasan a bhuineas ri cumhachdan a tha glèidhte fo rian Westminster).

Ge-tà, tha am Bòrd ag aithneachadh mar a dh'fhaodadh companaidhean bhon roinn phrìobhaidich (me, bancaichean, companaidhean còmhdhail, companaidhean tele-chonaltraidh, companaidhean reic agus solaraichean-cùraim), buidhnean saor-thoileach (me, eaglaisean is buidhnean carthannais) agus roinnean Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte uile cur gu mòr ri leasachadh na Gàidhlig.

Faodaidh buidhnean mar seo an teamplaid aig a' Bhòrd airson Plana Gàidhlig a chleachdadh mar bhunait airson a' phlana aca fhèin agus bidh am Bòrd toilichte taic is stiùireadh a thoirt seachad, a rèir mar a cheadaicheas an ùine a th' aig luchd-obrach a' Bhùird.